

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2023 | 3 | AN T-SULTAIN

LE TAIC BHO



Facal Toisich

Tha iris na ràithe seo a' tighinn thugaibh le blas car deasach oirre. Chan e deas mar as aithne dhomh e - 's e sin Ceann a Deas Uibhist – ach na deasaiche buileach! Tha sinn an dòchas gun gabh sibh tlachd ann an beul-aithris, bàrdachd agus beatha Chrìosdail Earra-Ghàidheil.

Ged a tha sinn uile eòlach gum b' e Calum Cille a thug a' Chrìosdachd do Ghàidhealtachd na h-Alba an toiseach, bha pearsachan-eaglais ag obair ann an diofar cheàrnaidhean. Leis cho faisg ri Èireann agus a tha Earra-Ghàidheal – Oirthir-Ghàidheal mar a bh' air an sgìre uair, chan eil e na iongnadh gun robh iomadh manach, bean-chràbhaidh, agus naomh ag obair gus am Facal a sgaoileadh am measg an t-sluaigh. Leughaidh sibh ann an Gàidhlig Shìmplidh mu Mhaol Doraidh, a' chiad duine a thug an Soisgeul a dh'Ìle.

Anns an Adhbhar Gàire, tha naidheachd bheag ann mu mhinistear a fhuair dreuchd ann an Ìle, chan ann le neart a bhriathran, mar a shaoileadh sibh, ach le meud a cholainn! Tha an dà naidheachd a' tighinn às Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba agus ri fhaotainn mar chlàraidhean-fuaim air a' ghoireas ro-fheumail, Tobar an Dualchais. Thug e tlachd nach bu bheag don luchd-deasachaidh èisteachd air Tobar an Dualchais ri aithrisean Dhonnchaidh MhicNibhein, bàrd Cill Chomain a tha a' nochdadh air cùl na h-irise seo. Abair stoidhle bharantach anns an robh Donnchadh ag aithris.

Tha bàrdachd na Gàidhlig Clasaigich leis a' Chlàraidheach Bheag, Eachann MacGilleEathain, Triath Chola a bhàsaich mu 1583AD. Ged nach b' e fliadh proifeiseanta a bh' ann, rinn e oidhirp chomasach choileanta ann an cumadh nan Deich Àithntean an cruth na bàrdachd.

'S e ceann-teagaisg Searmon Beag na ràithe seo a-mach air Isaiah 55: 6 - 9, a' comhairleachadh dhuinn a bhith ag iarraidh an Tighearna nuair a tha e faisg air làimh. Ach tha an Tighearna maille rinn fad na h-ùine. Tha sin a' ciallachadh gum bu ro-mhithich an t-àm làthaireach gus a dhol a dh'ionnsaigh an Tighearna.

**Leis gach beannachd,
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann**

Dealbh



Eaglais Cill Mheinidh © Eaglaisean Ìle a Tuath agus an Iar.

'S fhada o bha adhradh Crìosdail ann an Cill Mheinidh, Ìle. Tha làrach na seann eaglaise Ceiltich sa bhaile, faisg air an eaglais seo, ach chan eil mòran fiosrachaidh ann ma deidhinn. Thogadh Eaglais Cill Mheinidh ann an 1828 leis an iomairt phàrlamaideach a stèidhich trì eaglaisean san eilean, air an dealbhachadh le Tòmas Telford. Nas fhaide dhen linn, chaidh ailtireachd na h-eaglaise atharrachadh le oighre Caimbeulaich Ìle. Tha i an-diugh ceangailte ri paraiste Cille Chomain agus Port na h-Abhainne.

Gàidhlig Chlasaigeach

Na Deich nAitheanta

Eachann MacGilleEathain, “An Clèireach Beag”, Triath Chola (bhàsaich c. 1583)

Creid díreach do Dhia na ndúl,
'S cuir ar chúl umhladh do dhealbh.
Ná tabhair ainm Ríogh na Ríogh
ma géabhthar dhíot san ghníomh geall.

Domhnach Ríogh nimhe na néal
Déan led chridhe choimhead saor.
Do mháthair 's t' athair gach uair
Fá onóir uaid biodh ar aon.

Marbhadh is meirle ná taobh.
Adhaltras ná h-aomh ad ghar.
Ná tóg fiadhnaise ach go fíor -
'S é sin an ród far faon glan.

Ná déan saint ar bheag ná ar mhór.
Fréamh gach uilc ad chóir ná leig.
Sin deich n-aitheanta Dhé dhuit:
Tuig iad go cóir agus creid.

Chì sinn anns an dàn seo - an dàn Colach as sine a tha againn an-diugh - feartan a bha cumanta ann am bàrdachd chlasaigeach na Gàidhlig anns na meadhan aoisean, cuid dhiubh a tha fhathast bitheanta anns an latha a th' ann. Mar eisimpleir, a bharrachd air comhardadh eadar an dara agus an ceathramh loidhne anns gach rann (*dhealbh - geall; saor - aon; ghar - glan; leig - creid*) tha aicill ann (*ndúl - cúl; Ríogh - dhíot; néal - Déan; uair - uaid; taobh - h-aomh agus mar sin air adhart*). Tha sin air a bhith bitheanta ann am bàrdachd Ghàidhlig bho co-dhiù an naoidheamh linn. 'S e dùnadh feart eile a chithear fad na tìde ann am bàrdachd nam meadhan aoisean, far a bheil dàn a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh leis an aon fhacal - mar a tha an dàn seo fhèin a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh le creid. Chithear cuideachd uaim (*alliteration*) anns cha mhòr a h-uile loidhne dhen dàn seo.

Cha b' e *filidh* a bh' ann an Eachann, fear de na bàird phroifeiseanta le oideachadh foirmeil ann am filidheachd nan sgoil, ach bha e eòlach gu leòr air meadarachd agus 'dualchainnt litreachail' a bh' aig an aon-dàna (na daoine foghlaimte) anns an dà chuid Alba agus Èirinn, agus mar sin b' urrainn dha bàrdachd chomasach 'leth-chlasaigeach' mar seo a dhèanamh.

Teasca on leabhar, *Duanair Colach 1537-1757* (Obar Dheathain, 1997), deas. Colm Ó Baoill.

Gàidhlig Shìmplidh

Tha a' bheul-aithris ag innse dhuinn gum b' e Calum Cille a thug a' Chrìosdachd a dh'Alba anns an 6mh linn. B' ann ann an Eilean Idhe, faisg air Muile, a stèidhich esan an eaglais. Bha **manaich** agus **pearsachan-eaglaise** eile ann an àiteachan eile, mar eisimpleir Naomh Coinneach ann an Eilean Eige agus Naomh Maol Rubha air a' Chomraich. Ann an Ìle, **tha e ri aithris** gum b' e Maol Doraidh a thug an creideamh Crìosdail an sin an toiseach. Aig an àm sin, b' e dà eilean fa leth a bh' ann an Ìle. Bha caolas eadar **Na Roinn Ìleach**, ann an ceann an iar-thuath an eilein, agus an còrr dhen eilean. Chaidh muinntir na h-Obha **iompachadh** le Maol Doraidh ann an uamh. An uair sin, dh'fhalbh e **gu ruige** nan Roinn Ìleach. Bha e fhèin agus sluagh mòr aig a' chaolas, eadar Loch na Dàla agus Loch Ghruinneart. Dh'iarr Maol Doraidh air na h-uisgeachan dealachadh, gus am faigheadh e a-null. Sgaoil na h-uisgeachan agus fhuair e tarsainn. Bhon latha sin, b' e "**Loch na Dà-leth**" a thug muinntir Ìle air Loch na Dàla.

Beagan cuideachaidh...

Manaich - monks

Pearsa(chan)-eaglaise - clergy

Tha e ri aithris - it is said

Na Roinn Ìleach - the Rhinns of Islay

Iompachadh - converted

Gu ruige - towards

Loch na Dà-leth - the loch of the two halves

Donnchadh MacNìbheìn (fiosraiche), Calum Iain MacGilleEathain (Neach-clàraidh), SA1953.133.6, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/6761>



Searmon beag: Iarraibh an Tighearna


Ceann-teagaisg: Isaiah 55: 6 - 9

Tha beàrn do-thuigseach ann eadar Dia agus duine, eadar an Cuthadair agus an Creutair. Tha an Tighearna a' cur na firinne seo an cèill gu math soilleir an seo, a' bruidhinn tron fhàidh agus ag ràdh: *Oir chan iad mo smuaintean-sa ur smuaintean-se, cha mhò is iad ur slighean-se mo shlighean-sa, deir an Tighearna. Oir mar tha na nèamhan àrd seach an talamh, mar sin tha mo shlighean-se àrd seach ur slighean-se, agus mo smuaintean-sa seach ur smuaintean-se (Is. 55: 8-9).* Tha a Nàdar-sa anns gach dòigh os ar cionn agus os cionn ar tuigse. Ach ann am pearsa Ìosa, thogar drochaid thar na beàrn uabhasaich seo, oir roghnaich e nàdar an duine, nàdar na feòla a thoir air fhèin, a' tarraing na talmhainn agus an nèimh còmhla. Mar sin, *Trèigeadh an t aingidh a shlighe, agus an duine eucorach a smuaintean, agus tilleadh e ris an Tighearna, agus nochdaidh e tròcair dha; agus ri ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu pailt. (Is. 55: 7).* A dh'aindeoin na beàrn sin, tha Dia gar brosnachadh, ag iarraidh oirne iarraidh-san. Tha e ag innse dhuinn gu bheil sin comasach na ghràs fhèin (mar a thuir Ìosa fhèin air a' chuspair seo, *Na rudan a tha eu comasach do dhaoine, tha iad comasach do Dhia. Lùcas 18: 27).* Tha e a' gealltainn dhuinn maitheanas ann am pailteas, truaillte agus cailte ged a tha sinn (*Oir thàinig Mac an Duine a shireadh agus a theàrnadh an nì sin a bha cailte, thuir Ìosa ann an Lùcas 19: 10).*

Iarraibh an Tighearna, tha Isaiah ag ràdh, am feadh a tha e ra fhaotainn; gairmibh air, am feadh a tha e am fagas (Is. 55: 6). 'S naidheachd ghlòrmhor an t-Soisgeil **gu bheil an Tighearna ra fhaotainn. Tha e am fagas.** Tha sinn a' leughadh ann an Soisgeil Eòin (Eòin 1: 14) gun do ghabh e còmhnaidh nar measg. Agus ged nach eil nar measg gu corporra san fheòil air an talamh, gheall e gum biodh e maille rinn gu deireadh an t-saoghail (Mata 28: 20), agus tha e a-nis - aig an dearbh mhòmaid seo fhèin! - ag eadar-ghuidhe air ar son aig deas-làimh an Athar (Ròmanaich 8: 34).

Tha eisimpleir againn ann an Lùcas 18: 35 - 43, a' nochdadh dhuinn mar a ghairm aon neach air Ìosa, fhad 's a bha e ra fhaotainn. Bha dìol-dèirce dall na shuidhe ri taobh an rathaid faisg air Iericho, nuair a chuala e bhon t-sluagh gun robh Ìosa a' dol seachad. Chan eil fhios againn dè an naidheachd a chuala e mu Ìosa roimhe seo (ged a tha sinn a' leughadh gu tric anns na Soisgeulan gun deach naidheachdan ma dheidhinn fad is farsaing), ach chuir e earbsa ann, agus sa bhad ghairm e air, "Ìosa, a Mhic Dhaibhidh, dèan tròcair orm!" Agus a dh'aoindeoin cronachadh an t-sluaigh, dh'èigh e a-rithist agus a-rithist, ag iarraidh tròcair agus beannachadh agus slànachadh Ìosa le a neart gu lèir, a dhòchas gu lèir, cha robh smuain na cheann ach grèim fhaighinn air Ìosa. Agus fhuair e sin. Dh'farr e an Tighearna nuair a bha e ra fhaotainn. Dèanamaid mar an ceudna.

Naidheachdan



Cearcall Gàidhlig ann an Loch Abar

"Chaidh Cearcall Gàidhlig Iar-Thuath Loch Abar a stèidheachadh ann an 2022, suidhichte anns an eaglais ann am Malaig. Tha dithis anns a' choitheanal ag ionnsachadh na Gàidhlig agus aon boireannach ann a tha fileanta. Chuala sinn mu dheidhinn luchd-ionnsachaidh eile. Thuir a-huile duine gun robh iad ag iarraidh cothroman an cuid Ghàidhlig a chleachdadh. Mar sin, chuir sinn romhainn talla na h-eaglais a chleachdadh, agus a' cabadaich còmhla ri chèile. Fhuair ar ministear beagan airgid bho Urras MhicLeòid (Eaglais na h-Alba) agus cheannaich sinn leth-bhreacan dhen Tiomnadh Nuadh (san eadar-theangachadh ùr). Gach seachdain bidh sinn a' coinneachadh, ag òl tì, a' bruidhinn Gàidhlig, a' leughadh an Sgrìobtar agus a' cleachdadh ar cuid Ghàidhlig còmhla."

Liz Goudie, Malaig

'S e naidheachd bhrosnachail a tha seo bhon eaglais ann am Malaig, agus tha e a' nochdadh mar as urrainn do choitheanalan a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am beatha agus obair na h-eaglaise ann an dòigh a tha susbainteach agus cuideachail, fù 's mura h-eil e pragtaigeach aig an ìre seo fhèin seirbheis Ghàidhlig a chumail. Gus buidheann leughaidh a chur air dòigh, chan fheum sibh ach seòmar, Biobaill, aon neach a tha fileanta agus eòlach air a' chànan, feadhainn eile a tha deònach a h-ionnsachadh... agus srùbag no dhà!

An luchd-deasachaidh

Am Bioball Gàidhlig

Tha obair a' dol air adhart aig Comann Bhiobaill na h-Alba agus Am Bioball Gàidhlig a chur ann an clò a-rithist. Tha sgioba aca, fo stiùireadh Màiri Mhoireasdan, a' dol tron Bhioball air fad gu mionaideach, a' sgrùdadh an teacsa airson mearachdan litreachaidh agus a leithid. Tha sinn an dòchas barrachd naidheachd a bhith againn air an iomairt seo san ath àireamh de *Na Duilleagan Gàidhlig*.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Adhbhar gàire

Bha ministear uair ann an Ìle. Ged a bha meas an t-sluaigh air, aon Sàbaid thuirte e rud nach do chòrd ris a' choitheanal agus chaidh a chur às a dhreuchd. Bha muinntir na sgìre a' siubhal airson ministear eile agus chuir trì ministearan eile a-steach airson na dreuchd. Bha oifgear na h-eaglais glè dhèidheil gun tigeadh aon dhiubh sin, agus b' esan a fhuair an dreuchd.

Air a' chiad Sàbaid, thuirte am ministear ùr ri oifgear na h-eaglais, “tha mi a' tuigsinn gun robh sibhse glè dhèidheil air mise tighinn an seo. Agus tha mi a' toirt taing mhòr dhuibh. Ach bu thoil leam fios a bhith agam carson a bha sibh cho dèidheil air mise.”

Fhreagair oifgear na h-eaglaise, agus thuirte e ris, “a' chiad ministear a shearmonaich, 's e duine caol a bh' ann. An dàrna fear a shearmonaich, 's e duine beag a bh' ann le guth mar ghairm a' choilich sa mhadainn. Ach nuair a chunnaic mi sibhse, bha mi gur coimeas rium fhèin, agus thàinig e nam inntinn, sean aodach sam bith a bhiodh agaibh ro cheacharra, gum freagradh iad mi cho math 's a dhèanadh tàillear!”

Hugh Duncan (fiosraiche), Màiri NicDhòmhnaill (Neach-clàraidh), SA1970.62.B4, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/31105>

Bàrdachd

Earrann à **Comhairle Duine Aosda**
Le Donnchadh MacNìbhein, Cill Chomain

Tha mise nis 's mo cheann cho liath,

Mi ceithir fichead bliadhna is còrr,
Chan eil mo cheum ach mall air sliabh,
Bu tric a thriall mi 'n làithean m' òig'.
Tha mi air cromadh ris an ùir
Tha mi air call mo lùth 's mo threòir
Cha ghearain mi ged tha mi aosd'
Oir ruith mi m' ùine mar bu chòir.

An uair a bheir mi sùil air m' ais
Air madainn aoibhneach ait na h-òig,
'S ann le toil-inntinn agus tlachd,
Le cogais ghlan gun smal nas mò,
Oir ruith mi fhèin an rèis gu ceart,
A rèir na bha nam neart 's nam threòir,
Is gheibh mi duais o Rìgh nam Feart,
Nuair thèid mo thasgadh fo an fhòid.

Mo chomhairle dhut fèin, a mhic,
On tha thu nis aig tùs do rèis,
Bi daonnan stuama agus glic,
Is fan o mhisgearachd 's mì-bheus,
Na gèill do bhuaireidhean bhios tric
A' tachairt ort mar rib' sa cheum,
Oir 's ann mar sin a thèid do mheas,
Seadh leis a' mheas a bheir thu ort fhèin.

Ùrnaigh

A Thighearna, tha sinn taingeil gu bheil thusa gad fhoillseachadh fhèin dhuinn nad Fhacal. Tha am Facal a' toirt gach nì gu bith, nuair a labhair thu gus an Cruthachadh fhèin a chur an gnìomh, agus tha thu fhathast a' labhairt rinn an-diugh. Tha am Facal a bha beò anns an fheadh ann am pearsa do Mhic, Ìosa, fhathast a' labhairt rinn an-diugh. Fosgail ar cluasan agus ar cridheachan, ach an cluinn sinn gu soilleir d' Fhacal a' labhairt rinn. Brosnaich sinn cuideachd, gus an cuir sinn am Facal an gnìomh nar beathannan.
Amen.